

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh innse mu phrìomh thachartasan ann am beatha Norrie Mhiclomhair.

Cruthaich faidle-fiosrachaidh/loidhne-tìme mu phrìomh thachartasan ann am beatha Norrie Mhiclomhair

'S urrainn dhomh tuairisgeul a thoirt air na h-ionnsramaidean a bhios Norrie, agus feadhainn eile sa chòmhlain, a' cluich, agus a chàil ciùil fhèin.

Rannsachadh a dhèanamh air aon dhe na h-ionnsramaidean a bhios e a' cluich agus taisbeanadh de thoraidhean a chruthachadh

Is urrainn dhomh rannsachadh a dhèanamh air aon dhe na còmhlan a thug buaidh air fhèin

'S urrainn dhomh aithris/seinn feadhainn dhe na h-òrain a sgrìobh/chlàraich e.

Faidhle a chruthachadh ann an Word le aon dhe na h-òrain aige agus na faclan ionnsachadh asda

'S urrainn dhomh tuairisgeul a thoirt air cuid dhe na h-àiteachan air na thadhail e na bheatha-obrach.

Seall air mapa cuid dhe na t-àiteachan air na thadhail e

'S urrainn dhomh agallamh a dhèanamh còmhla ri Norrie gus m' eolas a leasachadh.

- Mar phàirt de bhuidheann beag, cruthaich liosta de cheistean a b' urrainn dhomh fhaighneachd dha ach am faighinn tuilleadh eòlais air a bheatha-obrach
- Cuir na ceistean gu Norrie, gu h-eileagtronaigeach, airson agallamh a dhèanamh còmhla ris

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

An urrainn dhut innse mu na prìomh thachartasan ann am beatha Norrie?

Càit an do dh'ionnsaich e cluich na h-ionnsramaidean a tha e a' cluich?

Dè na h-ionnsramaidean eile a tha ann an còmhlan Norrie?

Dè an dòigh anns an tug luchd-ciùil eile buaidh air Norrie?

Dè am fear de dh'òrain Norrie as fhèarr leat is carson?

Càit am bu chaomh leat a dhol a dh'èisteachd ri Norrie 's a chòmhlain?

Dè na ceistean as inntinniche a b' urrainn dhut faighneachd dha Norrie?

EÒLASAN IS BUILEAN

Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' fhaireachdainn innse agus a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.

EXA 1-19a / EXA 2-19a

Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhineachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t-saoghal mhòr.

SOC 2-14a

'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd ceistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn.

LIT 2-07a

Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheòthail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.

LIT 2-10a / LIT 3-10a



CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.norriemaciver.co.uk/>

